

Naidheachdan

1 Òg-mhìos, 2015



Cathraiche Ùr aig Bòrd na Gàidhlig

Dh'ainmich am Ministear airson Ionnsachadh, Saidheans agus Cànan na h-Alba an-diugh Ailean Dòmhnaillach mar Chathraiche aig Bòrd na Gàidhlig.

Thuirt Dr Alasdair Allan:

The dreuchd sònraichte aig a' Chathraiche mar an tagraiche as àirde a th' aig Bòrd na Gàidhlig. Tha mi toilichte fàilte a chur air Ailean don dreuchd seo.

Tha mi cinnteach gun tèid gu math leis obair a' Bhùird a stiùireadh airson a' Ghàidhlig a chumail mar phàirt cudromach de bheatha làitheil na h-Alba."

Tha **Ailean Dòmhnaillach** air a bhith ag obair ann an craoladh Gàidhlig bhon a thòisich e aig a' BhBC ann an 1987. B' e a' chiad manaidsear a bh' aig BBC Radio nan Eilean ann an Steòrnabhagh, bha e na mhanaidsear os cionn BBC na Gàidhealtachd ann an Inbhir Nis agus fhuair e dreuchd an uairsin mar riochdaire telebhisean ann an Glaschu. Mar cheannard na Gàidhlig stèidhich e a' chiad Roinn Ghàidhlig aig Grampian TV an Obar Dheathain ann an 1992.

Tha e an-dràsta na Cheannard air mneTV, companaidh spòrs is cur-seachadachd a th' air iomadh duais a bhuannachadh a stèidhich e ann an 1989, agus tha e cuideachd na stiùiriche air companaidh digseatach agus telebhisean Purple TV. Sna dreuchdan seo tha e air a bhith na Àrd-Riochdaire air prògraman de dh'iomadh seòrsa le luach £30 millean, agus le mneTV tha e air a bhith air cùl riochdachaidhean Gàidhlig bho ceudan de dh'àiteachan air feadh an t-saoghal.

B' àbhaist do dh'Ailean a bhith na Chathraiche air comann malairt TBH agus film PACT an Alba, agus na Stiùiriche air bòrd PACT UK an Lunainn. Bha e cuideachd na bhall de Bhùird airson Sgilean Cruthachail an Alba, agus Colaiste a' Chaisteil an Steòrnabhagh.

Thòisich e na bhall de Bhòrd na Gàidhlig sa Ghiblein 2014, chaidh a thaghadh mar lar-Cheannard san Lùnastal, agus agus tha e air a bhith na Cheannard Eadar-àmail bhon Dùblachd 2014.

Chan eil dreuchdan sam bith eile aige bho Mhinistearan.

Mairidh an dreuchd ceithir bliadhna, bho 1 Òg-mhìos 2015 gu 31 Cèitean 2019.

Tha an dreuchd pàirt-ùine, le pàigheadh de £263.50 gach là airson ceithir latha gach mìos.

Tha an dreuchd seo air a riaghlaidh leis a' Choimiseanair airson Inbhean Beusail ann am Beatha Phoblach an Alba.

Thèid gach dreuchd a lìonadh air airidheachd agus chan eil gnìomhachd poiliteagach na pàirt sam bith sa phròiseas taghaidh. Ach, a-rèir molaidhean Nolan, tha e riatanach gun innis duine sam bith a gheibh dreuchd poblach mu ghnìomhachd poiliteagach sam bith san robh iad an-lùib sna còig bliadhna a dh'halbh. Cha robh Ailean an-lùib gnìomhachd poiliteagach sam bith sna còig bliadhna a dh'halbh.

'S e buidheann ghnìomhach phoblach neo-roinneil a th' ann am Bòrd na Gàidhlig, cunntachail ri Ministearan na h-Alba.

Air a stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, tha Bòrd na Gàidhlig na prìomh bhuidheann phoblach an Alba le uallach airson leasachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh agus airson comhairle a thoirt do Mhinistearan na h-Alba air cùisean Ghàidhlig.

Fo Achd na Gàidhlig, tha dleastanas aig Bòrd na Gàidhlig obrachadh gus tèraineachd na Gàidhlig a dhòn mar chànan oifigeil an Alba, le spèis co-ionnan ris a' Bheurla. 'S iad dleastanasan a' Bhùird:

- An àireamh de luchd-cleachdaidh agus luchd-tuigsinn na Gàidhlig àrdachadh
- Cleachdad agus tuigse na Gàidhlig a bhrosnachadh
- Innrigidh ri cànan is cultar na Gàidhlig a chuideachadh
- Cànan, foghlam agus cultar na Gàidhlig adhartachadh
- Comhairle a thoirt (an dà chuid nuair a thèid iarraidh orra agus nuair a tha iad a' faireachdainn gu bheil e freagarrach) do Mhinistearan na h-Alba, buidhnean phoblach agus duine sam bith eile a tha ag obair ann an dòigh poblach mu chûisean co-cheangailte ri cànan, foghlam agus cultar na Gàidhlig
- Comhairle a thoirt (nuair a thèid iarraidh orra) do dhuine sam bith eile mu chûisean co-cheangailte ri Gàidhlig
- Sgrùdadh agus aithris do Mhinistearan na h-Alba mu ghnìomhachadh a' Chùmhnant Eòrpach airson Cànanan Roinneil no Mion-chànanan de 5 Samhainn 1992 a-rèir a' Ghàidhlig.

Chair Appointed to Bòrd na Gàidhlig

The Minister for Learning, Science and Scotland's Languages, Dr Alasdair Allan, today announced the appointment of Allan MacDonald as the Chair of Bòrd na Gàidhlig.

Dr Allan said:

The Cathraiche has a vital role to play as Bòrd na Gàidhlig's most senior advocate. I am pleased to welcome Allan to this important role and wish him well in steering the Bòrd's work at this exciting time for Gaelic within Scotland.

Allan MacDonald has worked in Gaelic broadcasting since he joined the BBC in 1997. He was the first manager of the BBC's Radio nan Eilean in Stornoway, became manager of BBC Highland in Inverness and was then appointed as a television producer in Glasgow. As head of Gaelic he also established the first Gaelic department at Grampian TV in Aberdeen in 1992.

He is currently Chief Executive of award-winning sport and entertainment company mneTV which he set up 1989, and is also a director of award-winning digital and television company Purple TV. In these roles he has been Executive Producer of a variety of genres to a value of £30 million, and with mneTV he has been responsible for Gaelic productions from hundreds of destinations across the world.

Allan is a former Chairman of TV and film trade association PACT in Scotland, and a Director of PACT UK in London. He is also a former member of the Boards of Creative Skillset in Scotland, and Lewis castle College in Stornoway.

Allan joined the Board of Bòrd na Gàidhlig in April 2014, was elected Vice-Chairman in August, and has served as Interim-Chairman of Bòrd na Gàidhlig since December 2014.

Allan does not hold any other Ministerial appointments.

This appointment will be for four years and will run from 1st June 2015 to 31st May 2019.

This appointment is part-time and attracts a remuneration of £263.50 per day for a time commitment of four days per month.

This appointment is regulated by the Commissioner for Ethical Standards in Public Life in Scotland.

All appointments are made on merit and political activity plays no part in the selection process. However, in accordance with the original Nolan recommendations, there is a requirement for appointees' political activity within the last five years (if there is any to be declared) to be made public. Allan has not undertaken any political activity in the last five years.

Bòrd na Gàidhlig is an executive non-departmental public body, responsible through Ministers to the Scottish Parliament.

Established under the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 (The Act) Bòrd na Gàidhlig is the principal public body in Scotland responsible for promoting Gaelic development and providing advice to the Scottish Ministers on Gaelic issues.

Under the terms of the Act, Bòrd na Gàidhlig is required to exercise its functions with a view to securing the status of Gaelic as an official language of Scotland commanding equal respect to the English language through:

- Increasing the number of persons who are able to use and understand the Gaelic language
- Encouraging the use and understanding of the Gaelic language
- Facilitating access, in Scotland and elsewhere, to the Gaelic language and Gaelic culture
- Promoting – and facilitating the promotion of – the use and understanding of the Gaelic language, and Gaelic education and Gaelic culture
- Providing advice (either on request or when it sees fit) to the Scottish Ministers, public bodies and other persons exercising functions of a public nature on matters relating to the Gaelic language, Gaelic education and Gaelic culture
- Providing advice (on request) to other persons on matters relating to Gaelic
- Monitoring and reporting to the Scottish Ministers on the implementation of the European Charter for Regional or Minority Languages dated 5 November 1992 in relation to the Gaelic language